


# Na deuchainnean agad 2023

Am fiosrachadh a dh'fheumas a bhith agad  
mu dheidhinn deuchainnean Nàiseanta 5,  
Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach

Eagran sgoiltean



# Clàr-innse

Na deuchainnean agad	3
Dè tha a' tachairt le deuchainnean ann an 2023?	4
Fiosrachadh cudromach a dh'fheumas a bhith agad mu dheuchainnean ann an 2023	4
Taic rè nan deuchainnean	5
Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad	6
Clàr-ama	6
Aplacaidean SQA	6
Seann phàipearan deuchainn	7
Àireamh an oilleanaich (SCN) agad	7
Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh conaltraidh agad ceart	7
Air latha na deuchainne	8
A' ruigsinn airson na deuchainne agad	8
Deasgaichean	8
Nithean toirmisgte	9
Freiceadanan	10
Pàipearan-cheistean agus leabhrain-fhreagairtean	10
A' sgriobhadh nam freagairtean agad	11
Cuimhnich	11
A' fàgail seòmar nan deuchainnean	12
Cothromachd	12
Dè mura tèid agam air an deuchainn a ghabhail no ma bhios ùpraid mhòr ann rè na deuchainne?	13
Seirbheis Beachdachaидh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean	14
Na toraidhean agad	15
A' faighinn nan toraidhean agad	15
MySQA	15
Ath-thagraidhean 2023	16
Cuimhnich	17
Taic	18
Am fiosrachadh agad	19



# Na deuchainnean agad

Tha deuchainnean air an dealbhadh gus leigeil leat na tha thu air ionnsachadh anns na cùrsaichean agad a shealltainn. Tha sinn a' tuigsinn gum faodadh tu a bhith iomagaineach no draghail mu bhith gan suidhe am-bliadhna.

Bheir an leabhran seo dhut am fios a dh'fheumas tu agus fiosrachadh is comhairle chuideachail gus an urrainn dhut do dhìcheall a dhèanamh air latha nan deuchainnean. Tha riaghailtean ann cuideachd a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil deuchainnean cothromach don h-uile duine. Tha e cudromach gun leugh thu agus gun tuig thu iad mus tòisich na deuchainnean agad.

Ma tha thu mì-chinnteach mu na riaghailtean, bruidhinn ris an tidsear agad. Bheir iad cuideachadh dhut agus innsidh iad dhut dè dh'fhaodadh tachairt nam briseadh tu na riaghailtean. Is dòcha gum biodh e feumail dhut am fiosrachadh seo a shealltainn do phàrant no neach-cùraim agus bruidhinn ma dheidhinn leotha.

Cuimhnich ullachadh, cumail ciùin agus do dhìcheall a dhèanamh.

Gheibh thu tòrr a bharrachd fiosrachadh feumail aig [www.sqa.org.uk/learners](http://www.sqa.org.uk/learners).

# Dè tha a' tachairt le deuchainnean ann an 2023?

Thatas an dùil deuchainnean a chumail mar as àbhaist ann an 2023, mar a rinn iad ann an 2022.

Tha cuid de dh'atharrachaidhean ann air an dòigh 's a bheil gach cuspair air a mheasadh am-bliadhna, air sgàth 's an droch bhuaidh leantainneach air ionnsachadh.

Tha an dearbh atharrachadh an urra ris a' chùrsa agus dh'fhaodadh e a bhith a' toirt a-steach lùghdachadh air pàirtean de dheuchainn, no barrachd roghainn no ùine.

Bridhinn ris na tidsearan agad airson mìneachadh slàn air na h-atharrachaidhean air do chùrsaichean no tad hail air [www.sqa.org.uk/nqmodifications](http://www.sqa.org.uk/nqmodifications).

## Fiosrachadh cudromach a dh'fheumas a bhith agad mu deuchainnean ann an 2023.

- Tòisichidh deuchainnean air Diluain 24 Giblean agus crìochnaichidh iad air Diardaoin 1 Ògmhios.
- Tha Seirbheis Beachdachaидh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean ri fhaighinn mura h-urrainn dhut, air sgàth shuidheachaidhean sònraichte, a bhith an làthair aig an deuchainn no ma bheir rudeigin droch bhuaidh air do choileanadh air latha na deuchainn. Faic duilleag 14 airson tuilleadh fiosrachaidh.
- Cuiridh an sgoil agad ire thuairmseach a-steach airson gach cùrsa agad mus tòisich na deuchainnean. Faodaidh tu bruidhinn ris na tidsearan agad mun adhartas agad agus na h-ìrean tuairmseach agad mus cuir iad thugainn iad. Cuidichidh seo thu le bhith a' tuigsinn mar a tha an ire thuairmseach agad a' buntainn ri do choileanadh anns na measaidhean a rinn thu am-bliadhna.
- Gheibh thu toraidhean nan deuchainnean tron phost air Dimàirt 8 Lùnastal. Faodaidh tu na toraidhean fhaighinn cuideachd tro theacsa no post-d ma chlàras tu airson MySQA aig [www.mysqa.org.uk](http://www.mysqa.org.uk).
- Tha seirbheis ath-thagraidh an-asgaidh ann. Faodaidh tu toraidhean nan deuchainnean agad ath-thagrach gu dìreach no tron sgoil. (Faic duilleag 16 airson tuilleadh fiosrachaidh.)

# Taic rè nan deuchainnean.

Ma dh'fheumas tu taic a bharrachd fhad 's a tha thu a' suidhe do dheuchainnean, faodar ullachadh a dhèanamh gus am faigh thu cothrom co-ionann am fios a th' agad agus do chomasan a shealltainn. Bruidhinn ris an sgoil ma tha ceistean agad mun ullachadh measaidh seo – cuiridh iadsan cùisean air dòigh dhut.

Tha 'ullachaidhean measaidh' a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a tha ciorramach no a tha feumach air taic a bharrachd diofar dhòighean a chleachdadhbh airson deuchainn a dhèanamh. Mar as trice bidh ullachadh measaidh ann an deuchainnean coltach ris an taic a gheibh thu rè teagaisg agus measaidhean àbhaisteach san sgoil.

Ma tha thu airson barrachd fhaighinn a-mach mu na h-ullachaidhean seo, bruidhinn ris an tidsear agad no leugh an stiùireadh againn do luchd-ionnsachaidh aig [www.sqa.org.uk/sqa/aaguide](http://www.sqa.org.uk/sqa/aaguide).



# Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad

## Clàr-ama

Chì thu an tionndadh as ùire de chlàr-ama nan deuchainnean aig [www.sqa.org.uk/timetable](http://www.sqa.org.uk/timetable).

Tha seo a' sealltainn cinn-latha agus amannan nan deuchainnean agad. Thoir fa-near gu bheil saor-latha poblach a bharrachd ann air Diluain 8 Cèitean gus crùnadadh an Righ a chomharrachadh agus cha tèid deuchainnean sam bith a chumail air an latha seo.

Faighnich an-còmhnaidh do na tidsearan agad mu amannan nan deuchainnean oir faodaidh sgoiltean na h-amannan tòiseachaidh atharrachadh beagan.

Dèan cinnteach gu bheil fios agad dè na deuchainnean a tha thu a' dèanamh, cuin a tha iad, agus càite a bheil iad.

Faighnich don sgoil agad cò an tidsear a bhios os cionn deuchainnean SQA air an latha. Feumaidh fios a bhith agad cò a tha seo gus an urrainn dhut innse dhaibh ma ruigeas tu fadalach.

## Aplacaidean SQA


Tha aplacaidean an-asgaidh ann a bheir taic dhut aig àm nan deuchainnean.

Leigidh an app **MyExams** leat do chlàr-ama pearsanta a chruthachadh agus fhaicinn, notaichean a chur ris, agus do chlàr-ama pearsanta a chur ri mìosachain eile.

Cuidichidh an app **MyStudyPlan** thu gus an ath-sgrùdadadh agad a chur air dòigh le bhith a' cruthachadh plana ath-sgrùdaidh pearsanta.

Faodaidh tu cuideachd clàr-ama nan deuchainnean pearsanta agad fhèin a chruthachadh a' cleachdadh an inneil air-loidhne **Personal Timetable Builder**.

Faigh tuilleadh a-mach aig [www.sqa.org.uk/studyplan](http://www.sqa.org.uk/studyplan).



# Seann phàipearan deuchainn

Faodaidh cleachdadadh le seann phàipearan deuchainn do chuideachadh ag ullachadh airson deuchainnean.

Faodaidh tu an luchdachadh a-nuas, le stiùireadh comharrachaiddh, bho [www.sqa.org.uk/pastpapers](http://www.sqa.org.uk/pastpapers).

## Àireamh an oilleanaich agad

Is e Àireamh an oilleanaich (SCN) an àireamh aithneachaidh phearsanta agad. Bidh sinn a' cleachdadadh an SCN agad gus do choileanadh uile a chlàradh agus a leantainn.

Innsidh an sgoil dhut dè an SCN a th' agad. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air oir feumaidh tu a sgriobhadh gu soilleir air leabhrain-fhareagairtean nan deuchainnean agad.

Gus do chuideachadh, faodaidh tu a' chairt aig cùl an stiùiridh seo (no leth-bhreac clò-bhualte den chairt) a ghearradh a-mach agus d' fhiosrachadh a chur ann. Faodaidh tu a' chairt seo a thoirt a-steach don t-seòmar deuchainn fhad 's nach sgriobh thu dad sam bith eile air.

Ma sgriobhas tu càil sam bith eile air a' chairt, dh'fhaodadh inntrigeadh na deuchainne agad a bhith air a chur dheth. Dh'fhaodadh seo ciallachadh nach fhaigh thu toraidhean sam bith.



## Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh conaltraidh agad ceart.

Is e aon de na h-adhbharan as cumanta nach fhaigh neach-ionnsachaidh teisteanas nan toraidhean aca, nach deach innse dhuinn mu atharrachadh seòlaidh. Gus dèanamh cinnteach gum faigh thu an teisteanas agad air latha nan toraidhean, dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart aig an sgoil dhut, a' toirt a-steach d' ainm agus do sheòladh ceart.

Faodaidh tu d' fhiosrachadh pearsanta a sgrùdadadh le bhith a' logadh a-steach don chunntas **MySQA** agad. Faodaidh tu fear a chruthachadh aig [www.mysqa.org.uk](http://www.mysqa.org.uk).

Ma dh'atharraicheas am fiosrachadh pearsanta agad, no ma tha e dol a dh'atharrachadh thairis air an t-samhradh, feumaidh tu innse don sgoil agad mus tòisich thu air saor-làithean an t-samhraidh.

# Air latha na deuchainne

Tha e cudromach a bhith deiseil agus ullaichte airson deuchainn. Seo beagan fiosrachadh cudromach.

## A' ruigsinn airson na deuchainne agad

Bu chòir dhut a bhith taobh a-muigh seòmar nan deuchainnean co-dhiù 10 mionaidean ro thoisearch na deuchainne. Ma tha thu fadalach, feumaidh tu cunntas a thoirt dhan tidsear a tha air ceann nan deuchainnean SQA air an latha. Innsidh iadsan dhut an urrainn dhut an deuchainn a dhèanamh.




## Deasgaichean

Anns a' mhòr-chuid de sgoiltean, gheibh thu deasg no àireamh suidheachain airson gach deuchainn. Dèan cinnteach gu bheil thu eòlach air an àireimh seo ro gach deuchainn.

# Nithean toirmisgte

Is e nithean toirmisgte rudan nach fhaod a bhith agad aig an t-suidheachan no an deasg agad san t-seòmar deuchainn, mura h-eil iad air an aontachadh leinn mar phàirt de dh'ullachadh measaidh airson na deuchainne a tha thu a' suidhe.


Tha nithean toirmisgte a' toirt a-steach na leanas.




Faclairean,  
ach a-mhàin  
deuchainnean far  
a bheil faclairean  
ceadaichte




Innealan dealanach  
leithid iPadan, tablaidean,  
uaireadairean-smart  
no inneal sam bith eile  
a bhiost a' gléidheadh  
fiosrachadh no a bhiost a'  
ceangal ris an eadar-lion.




Fiosrachadh  
a bharrachd  
– notaichean,  
ach a-mhàin  
deuchainnean far  
a bheil notaichean  
ceadaichte



Cèis pionsail no cèis  
àireamhair



Àireamhairean,  
ach a-mhàin  
deuchainnean far a  
bheil àireamhairean  
ceadaichte



Fònaichean-  
làimhe



Fiosrachadh  
a bharrachd –  
leabhraichean,  
sgeidsichean no  
pàipear, agus rud  
sam bith sgriobhte air  
d' aodach no air do  
bhodhaig

Mus tèid thu don t-suidheachan agad san t-seòmar deuchainn, thoir sùil air na pocannan is na pòcaidean agad gu faiceallach gus dèanamh cinnteach nach eil gin de na rudan sin agad. Chan fhaod thu nì toirmisgte sam bith a thoirt don t-suidheachan agad – smaoinich ro làimh agus fàg iad ann an àite sàbhailte. Ma bheir thu nì toirmisgte don t-suidheachan agad san talla deuchainn, dh'faodadh nach faigh thu duais airson a' chuspair sin.

Nuar a tha nithean sònraichte ceadaichte ann an deuchainn, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir riaghailtean SQA. Bheir an tidsear agad tuilleadh fiosrachaидh dhut. Feumaidh tu dèanamh cinnteach nach bi na nithean seo a' toirt cothrom dhut air fiosrachadh nach eil ceadaichte a bhith agad san deuchainn.

Chan fhaod thu uidheam sam bith a roinn rè deuchainn.

# Freiceadanan

'S e 'freiceadanan' a chanar ris na daoine a bhos a' stiùireadh dheuchainnean. 'S e an obair aca dèanamh cinnteach gun gabh na deuchainnean àite a rèir nan riaghailtean agus gu bheil na riaghailtean air an cur an gnìomh gu cothromach. Feumaidh tu èisteachd ri agus leantainn stiùireadh sam bith a bheir na freiceadanan dhut.

Ma thachras dad sam bith dhut gun dùil rè deuchainn, leithid faireachadh tinn, bu chòir dhut innse don fhreiceadan anns a' bhad.

## Pàipearan-cheisteán agus leabhrain-fhreagairtean

Tha e cudromach gun leugh thu an stiùireadh air aghaidh pàipear-cheisteán agus gun dèan thu cinnteach gu bheil an cuspair agus ire ceart.

Gheibh thu an **dàrna cuid**:

- pàipear-cheisteán agus leabhran-fhreagairtean air an ceangal còmhla – feumaidh tu d' fhiosrachadh a lìonadh gu soilleir air duilleag aghaidh an leabhrain, anns na bogsaichean;
- no
- pàipear-cheisteán agus leabhran-fhreagairtean air leth bho chèile – feumaidh tu d' fhiosrachadh a lìonadh gu soilleir air duilleag aghaidh an leabhran-fhreagairtean, anns na bogsaichean.

Ma chleachdas tu duilleagan pàipeir a bharrachd, feumaidh tu d' ainm, Àireamh an oilleanaich (SCN) agad agus ainm na sgoile a sgrìobhadh air gach duilleag agus iad sin a chur am broinn an leabhran-fhreagairtean agad.

Ma bhios feum agad air barrachd pàipeir, tog do làmh agus iarr e air an fhreiceadan. Ann an cuid de chuspairean, gheibh thu barrachd duilleagan no pàipear-graf aig deireadh leabhran-fhreagairtean.

Obraich tron phàipear-cheisteán agad gus am faic thu an aithris CRÌOCH A' PHÀIPEIR. Cha bhi dad eile ann a dh'fheumas tu freagairt às dèidh seo.

Anns a' phàipear-cheisteán, bidh duilleagan air nach eil ceistean no stiùireadh ag ràdh DUILLEAG BHÀN. Cha bu chòir duilleag sam bith a bhith gu tur bànn. Ma lorgas tu duilleag a tha gu tur bànn ron aithris CRÌOCH A' PHÀIPEIR, inns don fhreiceadan.

# A' sgriobhadh nam freagairtean agad

Feumaidh tu peann a chleachdadh le inc ghorm no dhubbh. Dh'haodadh gun tèid do phàipear a sganadh agus tha e cudromach gun urrainn don luchd-ceartachaидh do sgriobhadh a leughadh. Nì luchd-ceartachaидh nas urrainn dhaibh gus d' obair a leughadh, ach is dòcha nach bi e comasach dhaibh comharran a thoirt seachad ma tha do sgriobhadh duilich a leughadh. Na cleachd pinn gel no peansailean oir faodaидh an sgriobhadh fàs fann.

Nuar a tha thu a' sgriobhadh air duilleagan gun loidhnichean, feuch gum fàg thu mu aon cheudameatair eadar loidhnichean. Ann an cuid de chuspairean, dh'haodadh droch litreachadh agus puingeachadh a bhith ag adhbharachadh nach tèid comharran a thoirt seachad. Ma tha dragh sam bith ort mu dheidhinn seo, no mun làmh-sgriobhadh agad, bruidhinn ris an tidsear agad.

Cuimhnich ri obair gharbh sam bith, no freagairtean sam bith nach eilear ag iarraidh a sgròbadh às ma nì thu barrachd air aon oidhirp air ceist. Feuch nach cleachd thu lionn-ceartachaидh gus obair gharbh no freagairtean nach eil thu ag iarraidh fhàgail ann a chòmhdach.



## Cuimhnich

- Gabh air do shocair.
- Leugh a' cheist gu faiceallach.
- Freagair a' cheist a tha ga faighneachd.
- Theirig thairis air na freagairtean agad ma chriochnaicheas tu tràth.
- Bidh ciùin agus dèan do dhìcheall.



# A' fàgail seòmar nan deuchainnean

Ma chriochnaicheas tu tràth no ma tha thu air nas urrainn dhut den deuchainn a dhèanamh, agus tha thu airson seòmar nan deuchainnean fhàgail, tog do làmh agus iarr cead fàgail bhon fhreiceadan. Ma bhios an deuchainn nas fhaide na uair a thìde, is dòcha gun toir am freiceadan cead dhut fàgail às dèidh 30 mionaidean. Ma bhios an deuchainn nas lugha na uair a thìde, feumaidh tu feitheamh ann an seòmar nan deuchainnean gu ruige crìoch na deuchainne.

Mus fàg thu, feumaidh tu na pàipearan-deuchainne, a' gabhail a-steach leabhrain-fhreagairtean, duilleagan a bharrachd, pàipearan-cheistean agus leabhran-dàta sam bith uile a thoirt don fhreiceadan. Dh'fhaodadh tu na comharran uile airson a' phàipeir seo a chall mura toir thu na pàipearan-deuchainne agad don fhreiceadan mus fàg thu seòmar nan deuchainnean.

## Cothromachd

Bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine an dicheall a dhèanamh rè dheuchainnean. Tha e mì-chothromach do oilleanaich eile a bhith meallta agus a' togail ùpraid rè deuchainne. Tha eisimpleirean de ghiùlan meallta agus mì-chothromach (mì-chleachdad tagraiche) a' gabhail a-steach:

- Nithean toirmisgte a thoirt leat don t-suidheachan agad ann an seòmar nan deuchainnean.
- Leigeil ort gur e cuideigin eile a th' annad no iarraidh air cuideigin eile deuchainn a dhèanamh air do shon.
- Giùlain ùpraideach ann an seòmar nan deuchainnean.
- Cleachdadh cainnt no iomhaighean nad obair a tha mì-mhodhail, tàireil, oilbheumach no a tha dèanamh leth-bhreith.
- Ath-sgriobhadh obair neach eile.
- Co-fhoill sgriobhaidh – ag obair le tagraichean eile air gnìomh a bu choir dhut a dhèanamh nad aonar.
- Mèirle-sgriobhaidh - gun a bhith a' toirt iomradh ceart air stòran no a' taisbeanadh obair cuideigin eile mar d' obair fhèin, a tha a' toirt a-steach a bhith a' cleachdadh phrògraman inntinn-fhuadain leithid ChatGPT airson freagairtean a sgriobhadh.

Faodaidh droch bhuaidh a bhith aig giùlan meallta no mì-chothromach air na toraidhean agad. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach call chomharran, faighinn ire nas isle no an teisteanas agad a chur dheth. Faodaidh an sgoil agad tuilleadh a mhíneachadh mu dheidhinn seo.

# Dè mura tèid agam air an deuchainn a ghabhail no ma bhios ùpraid mhòr ann rè na deuchainne?

Bu chòir dhut fhèin no do phàrant no neach-cùraim fios a chur chun na sgoile agad cho luath 's a ghabhas, a' mìneachadh dè thachair.

Faodaidh iadsan bruidhinn mu na roghainnean agad agus am biodh còir agad an t-Seirbheis Beachdachaiddh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean a chleachdad. Ma tha thu airidh air an t-seirbheis a chleachdad, dh'fheumadh an sgoil agad fios a chur thugainn. Feumar seo a dhèanamh taobh a-staigh 10 làithean às dèidh na deuchainne, mar sin tha e gu math cudromach gum bruidhinn thu riutha cho luath 's a ghabhas, a' toirt dhaibh am fiosrachadh gu lèir mu na thachair.



# Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Sònraighe Dheuchainnean

Bheir an t-Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Sònraighe Dheuchainnean (EECCS) taic dhut:

- mura b' urrainn dhut an deuchainn a fhrithealadh, no ma bha bacadh ort bho choileanadh na deuchainne, air sgàth suidheachadh pearsanta thar do smachd (leithid cùis mheidigeach);
- ma thug buaireadh, no suidheachadh deuchainne eile buaidh ort rè na deuchainne, a chaidh aithris leis a' phrìomh fhreiceadan
- ma thug suidheachadh pearsanta, no tachartas air an latha, buaidh air do choileanadh san deuchainn, a bha thar do smachd.

Chan eil frionas deuchainn, dith no call aire rè deuchainn nan adhbharan dligheach airson an t-seirbheis seo a chleachdad.

Feumaidh an sgoil agad an t-seirbheis iarraidh dhut taobh a-staigh 10 làithean às dèidh na deuchainne, mar sin tha e gu math cudromach gum bruidhinn thu riutha cho luath 's a ghabhas às dèidh na deuchainne, a' toirt dhaibh am fiosrachadh gu lèir mu na thachair. Feumaidh tu cead a thoirt don sgoil agad an t-seirbheis iarraidh. Feumaidh an sgoil an uair sin fianais eile a thoirt seachad stèidhichte air na measaidhean a rinn thu tron bhliadhna. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an riochd tùs-dheuchainnean, deuchainnean clas, obair clas, clàran de chleasachd (ann an cuid de chuspairean). Seallaidh luchd-sgrùdaidh SQA air seo, agus stuthan deuchainne sam bith a chriochnaich thu, gus an ire agad a cho-dhùnad.

Ma tha thu air an EECCS a chleachdad, cha bhi e comasach dhut tagradh a dhèanamh tro sheirbheis Ath-thagraidhean 2023 an-aghaidh na h-ire a gheibh thu, oir bidh an ire agad air a bhualeachadh stèidhichte air an fhanais measaidh eile agad. Faic duilleag 16 airson tuilleadh fiosrachaidh mu Ath-thagraidhean 2023.

Tha làn fiosrachadh air EECCS ri fhaighinn aig  
[www.sqa.org.uk/exceptionalcircumstances](http://www.sqa.org.uk/exceptionalcircumstances)

# Na toraidhean agad

## A' faighinn nan toraidhean agad

Gheibh thu toraidhean nan deuchainnean tron phost air Dimàirt 8 Lùnastal.

Gheibh an sgoil na toraidhean agad cuideachd. Ma tha thu air iarrtas a chur a-steach do oilthigh no colaiste tro UCAS, gheibh iadsan na toraidhean agad cuideachd.

Mura faigh thu an teisteanas agad air latha nan toraidhean, cuir fios chun na sgoile anns a' bhad. Faodaidh iadsan na toraidhean agad innse dhut agus obraichidh iad còmhla rinn gus faighinn a-mach dè a tha air tachairt don teisteanas agad.

Ma tha thu a' smaoineachadh gu bheil mearachd air an teisteanas agad, no gu bheil rudeigin a' coimhead ceàrr, cuir fios chun na sgoile agad.

## MySQA

Gus na toraidhean agad fhaighinn tro theachdaireachd teacsa no post-d, feumaidh tu clàradh aig [www.mysqa.org.uk](http://www.mysqa.org.uk). Gheibh thu an teisteanas agad tron phost fhathast.

Tha e cudromach am fiosrachadh agad a chumail nua-aimsireil. Ma dh'atharraicheas tu an àireamh fòn no seòladh puist-d agad às dèidh dhut clàradh airson MySQA, feumaidh tu am fiosrachadh agad a nuadhachadh gus an teachdaireachd teacsa no post-d agad fhaighinn.

Air latha nan toraidhean, mura lorg thu post-d do thoraidhean san inbox agad, thoir sùil air a' phasgan spam no sgudail agad.



# Get Results Ready.

Sign up to  MySQA

# Ath-thagraidhean 2023

Is e seirbheis an-asgaidh a th' ann an Ath-thagraidhean 2023 as urrainn dhut a chleach-dadh ma tha fior dhragh ort mu ire (no irean) air teisteanas nan toraidhean agad. Fao-daidh tu ath-thagrath a dhèanamh gu direach thugainn no iarraidh air an sgoil agad seo a dhèanamh dhut.

Thèid priomhachas a thoirt don ath-thagrath agad ma tha àite le cumhachan agad san oilthigh nocolaiste, no ann an trèanadh no cosnadh a tha an urra ris an ire agad.

Bidh pròiseas eadar-dhealaichte aig an t-seirbheis ath-thagraidh am-bliadhna bhon fhear a chaidh a chleachdad an-uirdh leis nach tèid coimhead air fianais measaidh eadar-roghnach.

Am-bliadhna, ma nì thu ath-thagrath an-aghaidh ire, nì àrd-neach-ceartachaidh ath-bhreithneachadh comharrachaide air na measaidhean comharrachte SQA agad.

Chan e ath-chomharradh a tha seo.

Bidh ath-bhreithneachadh comharrachaide a' dearbhadh gu bheil:

- gach pàirt de na measaidhean SQA agad air a chomharrachadh.
- an comharrachadh a rèir inbhean nàiseanta.
- na comharran a chaidh a thoirt seachad airson gach freagairt air an cunntadh gu ceart; agus
- an toradh ceart air a chur a-steach don t-siostam againn.

Bu chòir dhut bruidhinn ris an sgoil cho luath 's a ghabhas às dèidh dhut do thoraidhean thaighinn mun cho-dhùnadh agad ath-thagrath a dhèanamh.

Thoir fa-near, às dèidh ath-bhreithneachadh, gum faodadh an toradh agad fuireach mar a tha e, a dhol suas no a dhol sìos.

Is ann agadsa a tha an co-dhùnadh deireannach am bu chòir dhut ath-thagrath a dhèanamh.

Tadhail air [www.sqa.org.uk/appeals](http://www.sqa.org.uk/appeals) airson an fhios as ùire mu Ath-thagraidhean 2023.

# Cuimhnich



- Nochd ann an deagh-àm – co-dhiù 10 mionaidean mus tòisich an deuchainn.
- Thoir leat an uidheam cheart – le inc dubh no gorm agus mar sin air adhart.
- Dèan cinnteach nach toir thu nithean toirmisgte leat chun an t-suidheachain agad.
- Dèan cinnteach gun deach am pàipear-deuchainne ceart a thoirt dhut.
- Cuir d' ainm, Àireamh an oilleanaich (SCN) agus ainm na sgoile agad air a h-uile pios pàipeir a bheir thu a-steach (a' gabhail a-steach leabhrain agus duilleagan fhreagairtean fa leth).
- Sgriobh ann an dòigh a ghabhas leughadh gus an leugh an luchd-ceartachaidh na freagairtean agad.
- Leugh an stiùireadh gu lèir agus èist gu faiceallach airson fios sam bith bhon fhreiceadan.
- Sgròb a-mach obair gharbh sam bith nach eil na pàirt den fhreagairt agad.
- Fuirich san t-seòmar gus am bi an deuchainn seachad. Chan fhaod thu fàgail tràth ach le cead an fhreiceadain.
- Thoir na pàipearan-deuchainne agad uile don fhreiceadan, a' gabhail a-steach leabhrain-fhreagairtean, duilleagan a bharrachd, pàipearan-cheistean agus leabhrain-dàta mus fàg thu seòmar nan deuchainnean.



- Na iarr air cuideigin eile an deuchainn agad a dhèanamh air do shon agus na leig ort gur e cuideigin eile a th' annad.
- Na toir nithean toirmisgte don t-suidheachan agad.
- Na bi gad ghiùlain fhèin ann an dòigh ùpraideach agus na adhbharaich ùpraid.
- Na bi ag ath-sgriobhadh obair neach eile.
- Na roinn an obair agad le neach eile.
- Na bi a' roinn uidheam le neach sam bith eile.
- Na cuir cainnt no ìomhaighean nad obair a tha mi-mhodhail, tàireil, oilbheumach no a tha a' dèanamh leth-bhreith.



## Taic

Faigh a-mach tuilleadh mun teisteanas agad aig [www.sqa.org.uk/certificate](http://www.sqa.org.uk/certificate).

Lorgaidh tu freagairtean do na ceistean as cumanta aig  
[www.sqa.org.uk/faqs](http://www.sqa.org.uk/faqs).

Faodaidh tu fios a chur thugainn le bhith a' lìonadh foirm ceist oilleanaich aig  
[www.sqa.org.uk/candidateenquiryform](http://www.sqa.org.uk/candidateenquiryform).

Ma tha ceistean sam bith eile agad mun teisteanas agad, cuir fios don Loidhne Comhairle Tagraiche againn. Faodaidh tu fònadhl **0345 279 1000** no post-d a chur gu [customer@sqa.org.uk](mailto:customer@sqa.org.uk).

# Am fiosrachadh agad

Bidh sinn a' tional fiosrachadh mud dheidhinn bhon sgoil agus bhon ùghdarris ionadail agad. Bidh sinn cuideachd a' tional fiosrachadh bho na pàipearan-deuchainne agus stuthan measaidh eile agad.

Tha am fiosrachadh seo uile a' buntainn ris na teisteanasan agad agus bidh sinn ga chleachdadhbh airson:

- cur air dòigh dhut deuchainnean agus measaidhean SQA a dhèanamh.
- an teisteanas thoraidhean agad (ris an canar cuideachd Teisteanas na h-Alba) a bhualeachadh ort agus a thoirt dhut.
- seirbheisean a dh'iarr thu a thoirt seachad, leithid My SQA.
- do cheistean a fhreagairt; do cheistean a fhreagairt.
- fianais air bristeadh riaghailtean (ris an canar mì-chleachdadhbh) a rannsachadh.
- Bidh sinn cuideachd ga chleachdadhbh airson adhbharan rannsachaidh agus airson staitistearachd a chruthachadh.

Faodaidh gun sgaoil sinn cuid den fhiosrachadh agad do bhuidhnean eile, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, Seirbheis Inntrigidh nan Oilthighean is Colaistean (UCAS), an sgoil agad, agus do bhuidhnean eile a bhios a' toirt nan seirbheisean againn seachad. Gheibh thu barrachd fiosrachaiddh air mar a chleachdas sinn am fiosrachadh agad aig [www.sqa.org.uk/privacystatement](http://www.sqa.org.uk/privacystatement).

Faodaidh tu lethbhreac iarraidh den fhiosrachadh a tha sinn a' cumail mud dheidhinn. Gheibh thu a-mach mar a nì thu seo aig [www.sqa.org.uk/requestpersonalinformation](http://www.sqa.org.uk/requestpersonalinformation) – seall fo 'How do I make a Subject Access Request'.



**Reub a-mach cairt Àireamh  
an oilleanaich (SCN) agad**

**Cairt SCN**

SQA

Ainm an  
ionaid:

D' ainm:

Latha-breith:

Àireamh an oilleanaich

## Ionad Seirbheisean Custamair

Fòn: 0345 279 1000

Làrach-lìn: [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk)



## Cuimhnich

- Gabh air do shocair.
- Leugh a' cheist gu faiceallach.
- Freagair a' cheist a tha ga faighneachd.
- Theirig thairis air na freagairtean agad ma chriochnaicheas tu tràth.
- Bidh ciùin agus dèan do dhìcheall.



## Notaichean cudromach

- Sgrìobh ainnm an ionaid, d' ainm, latha-breith agus Aireamh an oilleanach (SCN) air a' chairt.
- Ma lorgar fiosrachadh neo-cheadaichte sam bith air a' chairt, dh'fhaodadh inntríeadh do dheuchainn a bhith air a chur dheth agus ma dh'fhaoidte nach fhaigh thu toraidhean sam bith.
- Inns don sgoil agad anns a' bhad mu atharrachadh sam bith air an t-seòladh dachaigh mhaireannach agad.
- Chan fhaod thu cairt ionadach fhaighinn ma chailleas tu a' chairt seo no ma thèid a milleadh.

